## **Fàilte** gu Beanntan in Chaoil Àcain agus Cheann Locha

## **Welcome** to the Kyleakin and Kinloch Hills





Seo àm inntinneach airson tadhal air an sgire fhalaichte seo den Eilean Sgitheanach. Tha a' choille dhùthchasach dosrach a-rithist, 's tha eachdraidh ùr ag èirigh bho bhuin gharbha nam planntrachas a th' air an gearradh sios.

Cùm do shùilean fosgailte airson iomadh seòrsa bheathaichean mara ann an **Caol Reatha** agus rannsaich beatha coille **Cheann Locha**. Bho seo tha cuairt air leth eireachdail ann gu tobhtaichean **Leitir Fura**.

Ma tha spionnadh agad , cùm ort chun nam beanntan taobh **Chaoil Àcain** gus na slighean is seallaidhean iongantach àlainn a mhealtainn.



It's an exciting time to visit this hidden corner of Skye. The native woodlands are thriving again, and felling of the plantations reveals new stories from the past.

Keep your eyes peeled for all kinds of marine wildlife at **Kylerhea** (*'kile-ray'*) and explore life in the woods at **Kinloch**. From here it's a stunning walk to the abandoned village of **Leitir Fura** (*'lee-cheer foo-ra'*).

If you're feeling energetic, head for the hills by **Kyleakin** (*'kile-ack-in'*) to enjoy the network of trails and spectacular hilltop views.



### *An t-Eilean Sgitheanach*

Faigh fiosrachadh mu thuilleadh làraichean san Eilean Sgitheanach nar bileig.

### *Isle of Skye*

Find out more about other sites on Skye in our leaflet.




## Caol Reatha: Bad na Bèiste-duibhe

An robh fios agad gur e Caol Reatha aon de na h-àitean as fheàrr am Breatainn gus biast-dhubh a lorg? Cha tèid sinn an urras gum faic thu tè de na beathaichean neo-amaisgeil seo, ach chan eil rian nach còrd sealladh iongantach àlainn a' chosta riut. Seall a-mach cuideachd airson ròin, leumadairean is pèileagan, 's airson iomadh eun-mara.

Gabh romhad air **Slighe Mamalan na Mara** eadar càrlann Chaol Reatha agus am Falachan. Fo fhasgadh an fhalachain, rannsaichidh tu fiadh-bheatha is dualchas a' Chaoil, ge be dè seòrsa aimsir a th' ann.

## Kylerhea: top spot for otter spotters

Did you know that Kylerhea is one of the best places in Britain for spotting otters? We can't promise you'll see one of these elusive creatures, but you're sure to enjoy the breathtaking coastal scenery. Look out too for seals, dolphins and porpoises as well as countless seabirds.

Follow our **Marine Mammal Trail** between Kylerhea car park and the Otter Hide. In the shelter of the hide you can investigate the wildlife and culture of the Kyle, whatever the weather.



© Scottish Natural Heritage



© Scottish Natural Heritage



Dè am mamal-mara a shadas èisg le earball mòr gus an cur nan tuaineal?
Faigh a-mach air
**Slighe Mamalan na Mara**



Which sea mammal whacks fish with its powerful tail to stun them?
Find out on the
**Marine Mammal Trail**





## Seo dhut an 'kyloe'!

Bhathar a' toirt **kyloe** air a' bhò robach seo, à **Kylerhea** sa Bheurla Ghallta.

A h-uile foghar, bhiodh dròbhairean às na h-Eileanan Siar 's an Eilean Sgitheanach a' gluasad treubhan mòra cruidh thar tìr gu fèilltean air a' Mhachair Ghallta. Aig cladach Chaoil Reatha, bhite ag iomain nam mart dhan t-sàl, 's bhiodh iad a' snàmh tarsainn.

Faodaidh tu 'saod a chur ort fhèin' a-null sgrìob de cheum nan dròbhairean eadar **Leitir Fura** agus **Ceann Locha**.

## Meet the kyloe!

This shaggy cow was known as a **kyloe**, named after **Kylerhea**. The word **kyle** comes from the Gaelic word for narrow stretch of water – ***caol***.

Every autumn, drovers from the Western Isles and Skye led thousands of cattle overland to the markets in the Lowlands. When they reached the sea at Kylerhea, the cows were driven into the water and swam across.

You too can 'hoof it' along a section of the drovers' path between **Leitir Fura** and **Kinloch**.

*Dh'aithnichinn an t-àgh*
*dubh no ruadh*
*Dait air suaicheantas a*
*bhèin,*
*Speir mholach, leathann,*
*gharbh –*
*Bhiodh e searbh mur*
*biomaid rèidh*

An Dròbhaireachd –
Alasdair MacBharrais
(tràth sna 1800an)



© Scottish Life Archive

*I could tell a heifer,*
*black or red,*
*Coloured in the livery*
*of its coat and hair,*
*Broad, big-boned, and*
*shaggy hough –*
*Harsh would things be*
*if we weren't friends.*

The Droving –
Alasdair MacVarish
(early 1800s)

---

Forestry Commission Scotland
Coimisean na Coilltearachd Alba

The Islands
Na h-Eileanan


Fios gu
Contact

Coimisean Coilltearachd na h-Alba
Tower Road, Smithton, Inbhir Nis, IV2 7NL

Forestry Commission Scotland
Tower Road, Smithton, Inverness, IV2 7NL

Fòn / Tel: 01463 791575
Post-d/Email: invernessross&skye@forestry.gsi.gov.uk
Lìon / Web: www.forestry.gov.uk/scotland
Fòn fiosrachaidh poblach: 0845 3673787
Public enquiry line: 0845 3673787





Forestry Commission Scotland sites on Skye
Làraichean aig Coimisean Coilltearachd na h-Alba san Eilean Sgitheanach

1 **Chaoil Àcain / Kyleakin**
2 **Caol Reatha / Kylerhea**
3 **Cheann Locha / Kinloch**
4 **An t-Àth Leathann / Broadford**
5 **Gleann Bhreatail / Glen Brittle**

**Airson fiosrachadh air bàtaichean-aiseig:**
**For information on ferries:**
Gleann Eilg – Caol Reatha/Glenelg – Kylerhea: www.skyeferry.com
Sgonnsar – Ratharsair/Sconser – Raasay: www.calmac.co.uk

If you need this publication in an alternative format, for example, in large print or in another language, please contact:
The Diversity Team
Tel: 0131 314 6575
E-mail: diversity@forestry.gsi.gov.uk

Airson fiosrachadh air còmhdhail phoblach, fòn:
For information on public transport services contact:
Traveline Scotland, 0871 2002233 www.travelinescotland.com

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2013 / Crown Copyright 2013

Designed by: CMC Associates for Design & Interpretative Services, Forestry Commission Scotland – DAS-FCS August 2013 Edition 2
Photographs: Forestry Commission Picture Library, Chris Marsh, Lorne Campbell, Scottish Life Archive and Scottish Natural Heritage



## Ceann Locha: saoghal na coille

Thill iad! Tha an darach, uinseann, calltainn agus beith a' sìor fhàs a-rithist sa choille. Tha iad nan tèarmainn 's nan comraich dha iomadh seòrsa fiadh-bheatha – eadar crotail dathach 's eòin is beathaichean.

Aig **Ceann Locha** gheibh thu a-mach mar a bhite a' cur stòras luachmhor na coille gu feum. Rùraich tro thobhta Tac Cheann Locha,'s èist ri seanchas is òrain muinntir an àite aig ar **Stob Èisteachd**.





## Kinloch: life in the woods

They're back! The native woodlands of oak, ash, hazel and birch are thriving once more. Their shelter provides a habitat for all kinds of wildlife – from brightly coloured lichens to birds and mammals.

At **Kinloch** you can find out how people managed the woodland as a valuable resource. You can explore the remains of the old farm at Kinloch, and listen to stories and songs of the people of the area at our **Listening Post**.



## Crotal còrdail!

Tha àile glan agus aimsir tlàth a' chosta nan sàr àrainneachd dha iomadh seòrsa crotail. Cùm sùil air clachan is craobhan airson duilleach crotail-coille agus 'litrichean' diomhair a' chrotail litreach.



## I'm lichen it!

The clean air and mild coastal climate create ideal conditions for all kinds of unusual lichens. On rocks and trees, look out for the leafy 'lungs' of the lungwort and the mysterious 'writing' of the script lichen.



## Slighe Leitir Fura

Ma tha tòrr spionnadh agad 's fhiach an slighe a leantainn a-null a' chladaich bho Cheann Locha gu làrach Bhaile Leitir Fura.

B'àbhaist dhan àite seo a bhith trang, 's furasta a ruigsinn; is e làimh ri rathad dripeil nan dròbhairean gu Caol Reatha. Bha mu dhusan teaghlach a' fuireach ann aon uair, ach shìol na daoine às rè an 19mh linn.

Mealaidh tu sealladh mìorbhaileach air a' mhuir air an fhrith-rathad ìochdrach, no coisich sa choille air seann cheum nan dròbhairean.

Faigh tuilleadh fiosrachaidh mu Leitir Fura aig **www.forestheritagescotland.com**

## The Leitir Fura Trail

It's well worth following the trail along the coast from Kinloch to the abandoned village of Leitir Fura.

This used to be a busy, well-connected place, right beside the well-trodden drovers' route to Kylerhea. Once home to around a dozen families, during the 19th century people gradually drifted away.

Enjoy dramatic sea views as you walk the lower track, or immerse yourself in the woodlands of the old drovers' path.

Find out more about Leitir Fura at **www.forestheritagescotland.com**



### *Leitir Fura nan Geugan*

*Hò ìrean ò ro bha hò*
*Is mithich dhuinn èiridh*
*Mo nighean donn*
*Is mithich dhuinn a dhol dachaidh*
*Tha sinn fad air ar cèilidh*
*A' thoirt ar n-aghaidh air Muile*
*A' Leitir Fura nan geugan*

Chaidh an t-òran seo bhon 18mh linn a shìneadh suas ann an teaghlach MhicAonghais, a bhuineadh do Leitir Fura.



### *Leitir Fura of the Branches*

*Hò ìrean ò ro bha hò*
*We'd better rise*
*My brown haired girl*
*We'd better go home*
*We have been long together*
*Turning our backs to Mull*
*From Leitir Fura of the branches*

This song from the 18th century was handed down through the MacInnes family, who traditionally lived at Leitir Fura.

Forestry Commission Scotland
Coimisean na Coilltearachd Alba

The Islands
Na h-Eileanan

# Beanntan Chaoil Àcain is Cheann Locha

# The Kyleakin and Kinloch Hills

Rannsaich | Lorg | Meal    Explore | Discover | Enjoy



# *Fàilte* gu Beanntan Chaoil Àcain agus Cheann Locha!

# *Welcome* to the Kyleakin and Kinloch Hills!

Tha uiread ri rannsachadh – air chois, air rothair agus le ur ceud-fathan uile. Cleachd am mapa seo airson do chuairt ullachadh.

There's so much to explore – on foot, by bike and through all your senses. Use this map to help you plan your visit.



## Ceann Locha / Kinloch

Rùraich ann an tobhta an t-seann tuathanais. Èist ri fuaimnean Gàidhealach agus fosgail do shùilean ri saoghal coille an àite.

Explore the remains of the old farm, enjoy the sounds of Gaelic culture and open your eyes to life in the native woodland.



### 1 Slighe Leitir Fura / Leitir Fura Trail



Cuairt iongantach dhan bhaile-fearainn bhàn seo.

A dramatic circular walk to this abandoned farming village.

**Fad-slighe iomlan: 8km / 5 miltean (cuairt)**
**Ùine thuairmseach: 2.5 uair**

**Cearcal nas giorra dhan chiad ionad-seallaidh:**
**4 km / 2.5 miltean (cuairt)**
**Ùine thuairmseach: 1 uair**

**Full trail length: 8 km / 5 miles (return)**
**Approx. time: 2.5 hours**

**Shorter loop to first viewpoint:**
**4 km / 2.5 miles (return)**
**Approx. time: 1 hour**




Chan eil am mapa seo ri sgèile. / Map not to scale.

## Caol Àcain / Kyleakin

Slighean coille le seallaidhean drùidhteach bho mhullach Cnoc a' Mhadaidh-ruaidh. Chan eil mòran pàrcadh ann aig an ionad-tòiseachaidh, ach tha gu leòr ann ann an Caol Àcain.

Woodland trails with impressive views from the summit of *Cnoc a' Mhadaidh-ruaidh* - hill of the fox. Parking is limited at the starting point but there is plenty of parking in Kyleakin.

### 2 Slighe a' Chnuic / Cnoc Trail



Ceum morghain a chaidh a thogail a dh'aona ghnothach gu do thoirt suas gu cuairt-coise a' mhullaich agus ionadan-seallaidh.

A purpose-built gravel path that climbs steadily to reach the hilltop circular walk and viewpoints.

**Fad-slighe: 2.3 km / 1.4 miltean**
**Ùine coisich thuairmseach: 40 mion**

**Trail length: 2.3 km / 1.4 miles**
**Approx. time: 40 mins**

### 3 Slighe Anabhaig / Anavig Trail



Tha an cearcall seo a' lùbadh nas fhaide timcheall air a' chnoc tro choille gu ruige seallaidhean iongantach aig a' mhullach.

This longer loop leads round the hill through woodland to spectacular views from the top.

**Fad-slighe: 3.5 km / 2.1 miltean**
**Ùine coisich thuairmseach: 1 uair**

**Trail length: 3.5 km / 2.1 miles**
**Approx. time: 1 hour**

## Caol Reatha / Kylerhea




Tòisich an seo airson Slighe Mamalan na Mara agus Falachan nam Biastan-dubha.

Your starting point for the Marine Mammal Trail and the way to the Otter Hide.

### Falachan nam Biastan-dubha / Otter Hide




Coimhead airson biastan-dubha agus fiadh-bheatha eile bho fhasgadh ar falachan-amhairc.

Look out for otters and other wildlife from the shelter of our wildlife viewing hide.

### 4 Slighe Mamalan na Mara / Marine Mammal Trail



Sgrìob shoirbh dhan Fhalachan, a-null frìth-rathad math is seallaidh fìor àlainn air na cladaichean.

An easy walk to the Otter Hide and back, along a good track through stunning coastal scenery.

**Fad-astar: 2 km / 1.2 mile**
**Ùine thuairmseach: 30 mion**

**Trail length: 2 km / 1.2 miles**
**Approx. time: 30 mins**

---

**Gabh tlachd ann an dùthaich na h-Alba gu cùramach**

- cùram a ghabhail airson na tha thu fhèin a' dèanamh
- a bhith mothachail air math dhaoine eile
- coimhead as dèidh na h-àrainneachd

CÒD SLIGHEAN DÙTHCHAIL NA H-ALBA — FIOS AIR A'CHÒD MUS FALBH THU — outdooraccess-scotland.com

**Enjoy Scotland's outdoors responsibly**

- take responsibility for your own actions
- respect the interests of other people
- care for the environment.

SCOTTISH OUTDOOR ACCESS CODE — KNOW THE CODE BEFORE YOU GO — outdooraccess-scotland.com

### Ìrean nan Slighean

Tha na slighean aig Coimisean na Coilltearachd air am meas a rèir an ìre dhuilgheadais, caisead agus an seòrsa de staid a tha fa chomhair luchd-tadhail.

### Trail Grades

Forestry Commission trails are graded according to the degree of difficulty, gradients and type of conditions visitors can expect.

| | |
|---|---|
| **Soirbh / Easy** Brògan ciallach / Sensible footwear | **Soirbh / Easy** A' lasachadh fhèithean / Muscle loosener |
| **Meadhanach / Moderate** Brògan dìonach / Waterproof footwear | **Meadhanach / Moderate** A' draghadh fhèithean / Muscle stretcher |
| **Doirbh / Strenuous** Brògan coiseachd / Hillwalking boots | **Doirbh / Strenuous** A' neartachadh fhèithean / Muscle builder |

### Iuchair dhan mhapa / Key to the map

| | | | |
|---|---|---|---|
| Prìomh rathad / Main road | Cuairt coille / Forest walk route | Càrlann / Car park | Falachan fiadh-bheatha / Wildlife hide |
| Rathad dàrnach / Secondary road | Ceum-coise gun soidhne / Unmarked footpath | Taighean-beaga / Toilets | Fòn / Telephone |
| Rathad beag / Minor road | | | |